

International Culture Strategy consultation analysis: Executive Summary (Gaelic)

December 2023

Geàrr-chunntas

Tar-shealladh

Air 2 Gearran 2023, chuir Riaghaltas na h-Alba co-chomhairleachadh poblach 14 seachdain air bhog, gus beachdan fhaighinn air Ro-innleachd Cultar Eadar-nàiseanta. B' e amas a' cho-chomhairleachaidh beachdan a chruinneachadh mu fheumalachdan, miannan agus brosnachaidhean roinneil a thaobh gnìomhachd eadar-nàiseanta, gus cumadh a thoirt air susbaint na Ro-innleachd Eadar-nàiseanta. Rinn Luchd-rannsachaidh Sòisealta ann an Riaghaltas na h-Alba mion-sgrùdadh cuspaireil air na 77 freagairtean suirbhìdh a fhuair eadh (bho bhuidhnean agus bho dhaoine fa leth). Is iad na prìomh thoraidhean, bho na 24 ceistean fosgailte is dùinte:

Lorg-coise cultarach na h-Alba: Gnìomhachd, brosnachaidhean agus bacaidhean làithreach

- Bha an luchd-freagairt bho raon farsaing de roinnean, agus thug iad cunntas air raon farsaing de ghnìomhachd eadar-nàiseanta. Mar eisimpleir, pròiseactan co-obrachail le co-leithid eadar-nàiseanta, iomlaid eòlais, obair a' dol a-mach às an dùthaich (m.e. cuairtean), obair a' tighinn a-steach dhan dùthaich (m.e. turasachd agus aoigheachd do luchd-tadhail eadar-nàiseanta), com-pàirt ann an comainn agus com-pàirteachasan eadar-nàiseanta, coimiseanadh obair agus chleachdaichean, urrasachd/maoineachadh agus iomairt. Bha gnìomhachd eadar-nàiseanta ga faicinn mar rud bunaiteach do dh'obair chleachdaichean, bhuidhnean agus do na roinnean cruthachail is cultarail san fharsaingeachd. Bha am beachd seo cumanta am measg gach seòrsa buidhne.
- Am measg nam prìomh adhbharan airson a bhith ag obair gu h-eadar-nàiseanta bha miann airson ceanglaichean a thogail, a bhith a' lìonrachadh agus a' co-obrachadh. Chomharraich mòran daoine cho cudromach 's a bha e a bhith a' co-roinn fios agus eòlas agus air an ionnsachadh choitcheann a thàinig às a seo. Bhiodh seo ag adhbharachadh ùr-ghnàthachadh. Bhiodh gnìomhachd ag adhbharachadh ruigsinneachd nas fharsainge, a' cruthachadh chothroman obrach, a' togail ìomhaighean agus a' taisbeanadh obair. Thog mòran luchd-freagairt adhbharan ionmhais cuideachd. Chaidh a ràdh gu soilleir gun robh seo fìor chudromach leis na cuideaman nas fharsainge a th' air an roinn aig an àm seo.
- Bha na prìomh chnapan-starra a thaobh a bhith a' leasachadh gnìomhachdan eadar-nàiseanta co-cheangailte ri ionmhas, le COVID-19, Brexit, cosgaisean ag èirigh, agus èiginn nan cosgaisean bith-beò a' cur ri dùbhlain airson roinn a tha fo chuideam mar-thà. Chaidh cuideam a chur air dìth maoinachaidh agus dìth tasgaidh gu math tric.

Feallsanachd airson Ro-innleachd Cultar Eadar-nàiseanta

- Thug a' mhòr-chuid den luchd-freagairt taic dhan bheachd gum biodh ro-innleachd eadar-nàiseanta ann, a' daingneachadh gu bheil fheum air dòigh-obrach ro-innleachdail fhad-ùine. Bha luchd-freagairt den bheachd gum b' urrainn ro-innleachd taic a thoirt dhan roinn gus fàs, tasgadh a thoirt a-steach agus gum faodadh buannachdan sòisealta is eaconamach nas fharsainghe a bhith aice. Ach, chaidh draghan a nochdadh gum feumadh meud nan stòrasan a bhith a rèir meud nan amasan.
- Chaidh iarraidh air luchd-freagairt beachd a thoirt air an lèirsinn agus na cuspairean a chaidh a mholadh (ceanglaichean cultarach, buaidh eaconamach, dioplòmasaidh agus cliù). Tha na freagairtean a' sealltainn gun robhar a' faicinn co-iomlaid, gluasadachd, ceanglaichean agus cothroman mar fheartan gu sònraichte cudromach de ro-innleachd cultair eadar-nàiseanta.
- Ged a dh'aontaich luchd-freagairt gu bheil e cudromach builean eaconamach a choileanadh, chaidh a ràdh gu soilleir gum bu chòir dhan ro-innleachd beachdachadh air builean eile cuideachd. Mar eisimpleir: slàinte, sunnd, seasmhachd, foghlam, in-ghabhail sòisealta agus cumhachdachadh - builean a tha co-cheangailte ri diofar adhbharan airson a bhith a' dol an sàs ann an gnìomhachd eadar-nàiseanta, agus a bhith a rèir nan eadar-dhealachaidhean eadar seòrsa is meud bhuidhnean.
- Nuair a bhathar a' beachdachadh air an lèirsinn a chaidh a mholadh, chaidh draghan a thogail mu chleachdadh na h-abairt 'Dearbh-aithne shònraichte na h-Alba'. Bha seo a' gabhail a-steach beachd bho chuid, nach robh seo a' nochdadh iomadachd cultair na h-Alba.
- Thug luchd-freagairt beachdan nas fharsainghe seachad cuideachd air an dòigh-obrach a bu chòir a bhith aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh a bhith a' cruthachadh na ro-innleachd seo. Bha cuid den luchd-freagairt ag iarraidh dòigh-obrach ro-innleachdail a thogas air neartan agus eòlas a th' ann mar-thà seach dòigh-obrach 'bhon mhullach a-nuas' air a stiùireadh le Riaghaltas na h-Alba. A bharrachd air seo, chaidh a mholadh gum bu chòir dhan ro-innleachd a bhith a' mìneachadh na tha e a' dol a choileanadh. Bhiodh seo a' gabhail a-steach mion-fhiosrachadh mu dhleastanasan, goireasan agus amasan nas fharsainghe.

Taic Làithreach do Ghnìomhachd Eadar-nàiseanta

- Bha a’ mhòr-chuid den luchd-freagairt (68%) (gach cuid buidhnean agus daoine fa leth) air taic fhaighinn bhon roinn phoblaich airson gnìomhachd eadar-nàiseanta.
- Dh’fhaighnich a’ cho-chomhairle mun bhuaidh a bh’ aig an taic seo. Am measg nan cuspairean cumanta bha a bhith a’ togail chom-pàirteachasan, a’ cur iomlaid chultarach an comas, a’ cur an comas chuirtean is thachartasan agus a’ faighinn aithne eadar-nàiseanta. Bha luchd-freagairt den bheachd gun robh an taic “deatamach” agus dh’aidich iad nach biodh mòran de na choilean iad agus de na soirbheachasan aca air a bhith comasach às aonais na taic seo.
- Bha còrr is an dàrna leth (56%) den luchd-freagairt (gach cuid buidhnean agus daoine fa leth) air cothrom fhaighinn air tobraichean taice eile (cha robh 30%). Bha seo a’ gabhail a-steach maoineachadh bho bhuidhnean cultarach eadar-nàiseanta agus Ministrealachdan sònraichte no buidhnean riaghaltais anns na siorrachdan anns an robh iad ag obair.
- Chaidh faighneachd den luchd-fhreagairt a bheil an taic làithreach do gnìomhachd eadar-nàiseanta iomchaidh. Thar gach cuid buidhnean agus daoine fa leth, thuirt 53% den luchd-freagairt nach robh, dh’aontaich 12% gun robh, agus cha robh 21% cinnteach. Nuair a chaidh iarraidh orra cunntas a thoirt air beàran sam bith san t-solar làithreach, bha na cuspairean a bu chumanta a chaidh a thogail co-cheangailte ri cnapan-starra structarail ann a bhith a’ faighinn cothrom air ionmhas, duilgheadasan le modailean maoineachaidh gearr-ùine no stèidhichte air pròiseict, dùbhlain le bhith a’ dèiligeadh ris na cruthan-tìre às dèidh COVID agus às dèidh Brexit, mì-chinnt mun taic a tha ri faighinn, agus dìth roghainnean maoineachaidh do luchd-ealain a tha a’ tighinn am bàrr, do phroifeiseantaich aig ìre thràth san dreuchd aca, agus do buidhnean nas lugha.
- Thug luchd-freagairt raon de dh’eisimpleirean eadar-nàiseanta seachad bho am b’ urrainn do dh’Alba ionnsachadh dè a tha a’ toirt taic shoibheachail dhan luchd-obrach cruthachail san dùthaich sin agus do bhuidhnean air feadh na cruinne.

Cuideaman, Dùbhlain agus Cothroman

- Chaidh faighneachd den luchd-fhreagairt ciamar as urrainn do gnìomhachd eadar-nàiseanta aghaidh a chur ris na dùbhlain a tha mu choinneamh na roinne. Chuir grunn fhreagairtean cuideam air an dòigh sa bheil gnìomhachd chultarail a’ cur an comas a bhith a’ dol an sàs ann an com-pàirteachasan

eadar-nàiseanta, a bhios an uair sin a' comasachadh eòlas agus stòras co-roinnte.

- Dh'fhaighnich a' cho-chomhairle an robh a bhith a' fàgail an AE air dùbhlann sònraichte sam bith adhbharachadh a thaobh obair eadar-nàiseanta. Bha na cuspairean as cumanta co-cheangailte ri cosgaisean nas àirde, cùisean rianachd bhìosa, call ghoireasan agus calpa daonna, bacaidhean ùra air malairt is tasgadh eadar-nàiseanta, milleadh cliù agus call com-pàirteachasan co-obrachail.
- Thug luchd-freagairt molaidhean seachad airson atharrachaidhean ro-innleachdail às dèidh Brexit. Bha iad seo a' gabhail a-steach modailean maoineachaidh ùra airson roinn cultar na h-Alba (m.e. maoineachadh a thoirt seachad gus cuimseachadh air taobhan sònraichte de dh'obair eadar-nàiseanta leithid cosgaisean rianachd às dèidh Brexit), a bhith a' stèidheachadh modail ùr airson conaltradh leis an AE agus a bhith a' toirt seachad comhairle is taic gnìomhachais gus cuideachadh le cùisean co-cheangailte ri siubhal, cìsean agus riatanasan bhìosa.
- Chaidh faighneachd de luchd-freagairt dè am beachd air mar a b' urrainn dhan ro-innleachd seo dèiligeadh ris a' bhuidhe aig gnìomhachdan eadar-nàiseanta air atharrachadh na gnàth-shìde. San aithghearrachd, bha luchd-freagairt a' faireachdainn gur e cothrom a th' anns an ro-innleachd ceannardas agus stiùireadh a thoirt seachad, gus atharrachadh a bhrosnachadh agus gus ionnsachadh a cho-roinn.
- Chaidh faighneachd de luchd-freagairt ciamar a bu chòir dhan ro-innleachd seo a bhith a' toirt air adhart an amais a bhith a' toirt aghaidh air ana-ceartas eachdraidheil gu h-ìomchaidh. Bha freagairtean a' gabhail a-steach a' bheachd gum faod an Ro-innleachd Cultair Eadar-nàiseanta cuideachadh le bhith ag aithneachadh agus a' gabhail uallach airson ana-ceartas san àm a dh'fhalbh, le bhith ag adhartachadh tuigse, a' co-roinn deagh chleachdadh agus ag àrach chom-pàirteachasan agus co-obrachadh.
- Nuair a chaidh iarraidh orra beachdachadh air cothroman ùra, thuirt a' mhòrchuid (61%) gu bheil iad air tòiseachadh air a dhol an sàs gu h-eadar-nàiseanta ann an dòighean ùra agus tha 23% ag amas air seo a dhèanamh san àm ri teachd. A' mìneachadh nam freagairtean aca, bha freagairtean cumanta co-cheangailte ris na h-atharrachaidhean a rinneadh air sgàth cuingealachaidhean COVID-19. Thug seo air mòran dhaoine coimhead air dòighean eile airson an cuid sheirbheisean a libhrigeadh, ag obair air astar no gu didseatach barrachd. Ach chaidh aithneachadh gun robh laigsean ann le dìth conaltradh aghaidh-ri-aghaidh agus chaidh am beachd a chur an cèill nach eil obair didseatach practaigeach airson a bhith a' stèidheachadh com-pàirteachasan eadar-nàiseanta san fhad-ùine.

Cruinn-eòlas

- Dh'fhaighnich an t-suirbhidh a bheil cruinn-eòlasan sònraichte ann a tha nas cudromaiche dhan neach-freagairt/buidheann aca no dhan roinn san fharsaingeachd. Dh'aontaich 34% gu bheil cuid de chruinn-eòlasan nas cudromaiche dhan bhuidhinn aca, le 17% ag aontachadh gu bheil cruinn-eòlasan ann a tha cudromach dhan roinn san fharsaingeachd. Thuir beagan is cairteil (26%) nach eil cruinn-eòlasan sònraichte sam bith nas cudromaiche.
- Nuair a chaidh faighneachd dhaibh am bu chòir dhan Ro-innleachd Cultair Eadar-nàiseanta prìomhachas a thoirt do chruinn-eòlasan sònraichte sam bith, dh'aontaich 31%, thuir 27% nach robh iad ag aontachadh agus cha robh 31% cinnteach, a' nochdadh farsaingeachd bheachdan air a' cheist seo agus beagan mì-chinnt cuideachd.
- Bha freagairtean bhon luchd-freagairt a' leantainn air seo air carson a bu chòir, no nach bu chòir dhan ro-innleachd prìomhachas a thoirt do sgìrean sònraichte, a' sealltainn gun robh beachd ann gum feumar a bhith faiceallach. Chaidh a ràdh gur dòcha gum biodh cunnart ann nan rachadh prìomhachas a thoirt do chruinn-eòlasan sònraichte, leis gum faodadh cothroman a bhith air an call mar thoradh air seo, no gun rachadh dearmad a dhèanamh air sgìrean a tha a' tighinn am bàrr.

Co-ionannachdan

- Dh'fhaighnich a' cho-chomhairle a bheil taobhan de ghnìomhachd chultarach eadar-nàiseanta ann a dh'fhaodadh buaidh eadar-dhealaichte a thoirt air diofar bhuidhnean co-ionannachd. Chaidh diofar bheachdan a thoirt seachad a bha a' sealltainn an dà chuid deagh bhuidh is droch bhuidh aig gnìomhachdan cultarach eadar-nàiseanta air diofar bhuidhnean co-ionannachd. Chaidh beachdan a thoirt seachad cuideachd air mar a tha diofar bhuidhnean/dhaoine a' dèiligeadh ri draghan a thaobh co-ionannachd tron obair aca agus san àite-obrach.
- Nuair a tha iad a' libhrigeadh obair chultarail gu h-eadar-nàiseanta, bha cuid de luchd-freagairt air suidheachaidhean dùbhlach fhaicinn a thaobh, mar eisimpleir, dùthchannan le siostaman poilitigeach fòirneartach no ceistean a thaobh còraichean daonna. Mar sin, tha draghan co-ionannachd a' toirt buaidh air na co-dhùnaidhean aig cuid de luchd-freagairt a thaobh far an obraich iad gu h-eadar-nàiseanta.
- Nuair a chaidh iarraidh orra beachdachadh gu sònraichte air inbhe sòisio-eaconamach, chaidh a ràdh le cuid den luchd-freagairt, gum faodadh neo-ionannachd a bhith ann a thaobh ruigsinneachd agus com-pàirteachadh mar

thoradh air na cosgaisean nas àirde co-cheangailte ri obair chultarail eadar-nàiseanta. Am measg nan cùisean a chaidh a thogail co-cheangailte ri coimhearsnachdan eileanach, bha dìth ruigsinneachd air gnìomhachdan cultarach eadar-nàiseanta (leis gu bheil na gnìomhan sin gu tric nas cumanta ann am meadhan na h-Alba), agus ceangal didseatach.

- Nuair a chaidh iarraidh orra meòrachadh gu sònraichte air clann agus daoine òga, chomharraich luchd-freagairt taobhan adhartach de bhith a' toirt clann agus inbhich òga an sàs ann an gnìomhan cultarach eadar-nàiseanta. Thug iad fa-near gu bheil com-pàirteachadh a' cur ri cothroman dreuchdail na cloinne san àm ri teachd, a' togail cheanglaichean agus lionraidhean agus a' cur ri tuigse nas fheàrr air suidheachadh cruinneil na h-Alba. Ach, chaidh a thoirt fa-near gum faodadh na goireasan a bharrachd a tha a dhìth gus taic agus dìon iomchaidh a thoirt seachad airson com-pàirt chloinne agus inbhich òga ann an obair chultarail eadar-nàiseanta a bhith nan cnapan-starra mòra.
- Dh'fhaighnich a' cheist mu dheireadh san t-suirbhidh, an robh droch bhuidhean air a bhith ann (le cùisean co-ionannachd), agus dè a ghabhadh dèanamh san àm ri teachd gus seo a sheachnadh. Thuir luchd-freagairt gun robh e cudromach a bhith a' conaltradh leis an fheadhainn aig a bheil eòlas-beatha ann an roinn a' chultair, gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na cnapan-starra, agus gus dearbhadh dè an taic a tha a dhìth gus dèiligeadh ri cùisean co-ionannachd.